

LEASAN 4 10 mionaidean	Cuspair: Bhalsaichean 3/4	Òran: 'Teann a-Nall'	Faidhlichean fa-leth:
	<p>3 buillean anns gach leagach – eadar-dhealaichte an turas seo! A' mìneachadh nach fheumar smaoinichadh mun '4' cus aig an ìresa, ach a bhith mothachail às an '3'.</p> <p>A' bualadh basan agus a' sealltainn far an cuireamaid beum air na faclan. 'Teann a-nall' 's thoir dhomh do làmh' na dheagh eisimpleir air far am bidh gach leagach a' tòiseachadh. A' teagasg an fheadhainn ann am bold son na leasan, ach bidh na rannan eile aca air faidhle 'faclan nan òran'.</p> <p>Minich nach bi iad seo ri lorg ann an set puirt a beul, ach gur iad òrain fa leth.</p>	<p><i>Teann a-nall 's thoir domh do làmh, Teann a-nall 's thoir domh do làmh, Teann a-nall 's thoir domh do làmh, Is bheir mi sgrìob do dh'Uibhist leat.</i></p> <p>Tha am feasgar ciùin 's na siantan blàth, Tha ghrian san iar mar mheall den òr, Tha an cuan mar sgàthan gorm gun sgleò, 'S bu mhòr mo mhiann bhith 'n Uibhist leat.</p> <p>Bu mhòr mo mhiann bhith 'n siud san àm, Is m' inntinn fad' bho thìr nan Gall, Ag èisteachd sgeulachd, òran 's rann, 'S bu mhòr mo mhiann bhith an Uibhist leat.</p> <p>Is dìomhain dhuinne bhith cho faoin A' siubhal saoghail ruith gach maoin, Tha beatha is slàinte an tìr mo ghaoil, 'S gun tèid mi thàmh do dh'Uibhist leat.</p> <p><i>Gairm is freagairt, an uairsin a' dol tron òran gu slaodach.</i></p> <p><i>Aig an fhìor dheireadh, seinneamaid e aig luaths àbhaisteach: ma tha iad cofhurtail faodaidh iad seinn còmhla rium, neo tilleadh air ais thuige nuair a tha.</i></p>	<p>Faclan nan òran Eadar-theangachadh</p>

Leasan 4: Bhalsaichean (3/4)

Teann a-Nall

**Teann a-nall 's thoir dhomh do làmh,
Teann a-nall 's thoir dhomh do làmh,
Teann a-nall 's thoir dhomh do làmh,
Is bheir mi sgrìob do dh'Uibhist leat.*

**Tha am feasgar ciùin 's na siantan blàth,
Tha ghrian san iar mar mheall den òr,
Tha an cuan mar sgàthan gorm gun sgleò,
'S bu mhòr mo mhiann bhith 'n Uibhist leat.*

*Tha sìth air aghaidh beinn is raon,
Tha fàileadh cùbhraidh thar an fhraoich,
Tha neòinean bhòidheach fàs gach taobh,
'S bu mhòr mo mhiann bhith 'n Uibhist leat*

*Is dìomhain dhuinne bhith cho faoin
A' siubhal saoghail ruith gach maoin,
Tha beatha is slàinte an tìr mo ghaoil,
'S gun tèid mi thàmh do dh'Uibhist leat.*

***Rannan a chaidh a dhèanamh san leasan. Feuchaibh air na rannan eile sibh fhèin neo èist ri cuideigin ga sheinn!**

Come, let's wander hand in hand

**Come, let's wander hand in hand,
Come, let's wander hand in hand,
Come, let's wander hand in hand,
And take a trip to Uist with me.*

**The evening's calm, the weather warm,
The western sun is an orb of gold
The sea is a mirror, clear and blue,
I long to be in Uist with you*

*There's peace across the moors and glens
And sweetly smell the heather bens
Fair are the flowers, bright their hue
I long to be in Uist with you*

*How can we be such silly fools
To roam the world in search of fame?
There's health and wealth in the isle I love
And I shall stay in Uist with you*

***Verses completed in the lesson. Give the other verses a go yourself or listen to somebody else singing it to guide you!**